

## Bòrd MG ALBA

26/9/24, Steòrnabhagh

### Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan (air-loidhne) [sa Chathair], Calum MacLeod, Calum Steele, Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Catriona Mhoireach, Lachlan Peel, Daibhidh Byrne (air-loidhne), Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Sarah NicDhòmhnaill [SN] (Ceannard Ionmhais) - puing 10

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) -  
puingean 4 & 5

#### 1. Leisgeulan

1.1 Chan robh gin

#### 2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

#### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (14/6/24)

3.1 Molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich.

#### 4. Seirbheisean Compàirteachais - BBC ALBA

4.1 Rinn MC agus MM taisbeanadh a bha a' sealltainn air:

- dèanadas BBC ALBA sna 3 mìosan suas gu 30 Ògmhios 2024;
- na planaichean a bha ann airson prògraman suas gu àm na Nollage;
- na prìomh chuspairean a bha air tighinn a-mach à buidheann-fòcas de dh'inhich òga; agus
- air na chaidh aontachadh eadar am BBC agus MG ALBA a thaobh ùrachadh na co-bhanntachd.

4.2 Chaidh còmhchradh farsaing a chumail. An lùib nan cuspairean, bha deasbad ann mu bhith:

- a' trusadh dàta rannsachaidh iomchaidh;
  - ag aithneachadh chothroman bho thachartasan mòra anns an robh am BBC an sàs air na seanailean Beurla aca; agus
  - a' leasachadh *discoverability*, air an deach dearbhadh a thoirt seachad gu bheil gach oidhirp ga dhèanamh agus gu bheil BBC ALBA aig toiseachd gach còmhradh le sgioba an iPlayer.
- 4.3 A thaobh ùrachadh na co-bhanntachd, tha dreach Meòrachan Còrdaidh a' tighinn ri chèile agus bhathas a' moladh fuireach gus am biodh Stiùiriche ùr BBC Scotland air tòiseachadh as t-Samhain mus deigheadh ainmean a chur ris. Chaidh innse gum biodh seiseanan le luchd-obrach MG ALBA / BBC còmhla a chumail eadar Dàmhair agus Dùblachd.
- 4.4 An dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na taisbeanaidhean agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air gnothaichean co-cheangailte le BBC ALBA, dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus riaraichte mun t-slighe air adhart airson BBC ALBA.

## 5. Seirbheisean Compàirteachais - SpeakGaelic & LearnGaelic

- 5.1 Leis gu bheil an obair mhòr chruthachail aig SpeakGaelic a-nis faisg air a bhith criochnaichte, bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh ròl brosnachaidh didseatach do MG ALBA san ath chaibideil.
- 5.2 Chaidh aontachadh gu robh e deatamach:
- gun deigheadh mothachadh agus cleachdadhbh SpeakGaelic suas;
  - gun deigheadh piseach a thoirt air ionnsachadh tro chlasaichean tro obair chompàirtichean eile; agus
  - gum biodh ceannas iomchaidh bho chompàirtiche(an) eile air an obair aig ìre coimhearsnachd.
- 5.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail air àite ionnsachadh na Gàidhlig anns na meadhanan Gàidhlig agus an lùib dhleastanasan MG ALBA; agus an dèidh do bhuill coimhead air fianais bho LearnGaelic agus SpeakGaelic, dhearbh am Bòrd gu robh iad a' dearbhadh ionnsachadh mar an treas Amas ro-innleachdail aig MG ALBA airson nan 3 bliadhna air thoiseach agus dh'iarr iad air oifigearan plana obrach a stèidheachadh a rèir am miann sin airson nam bliadhnaichean 2025, 2026 agus 2027.

## 6. Seirbheisean Compàirteachais - FilmG

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le cùl fhiosrachadh agus fios mu phlanaichean airson farpas 2024-25 agus chaidh deasbad a chumail.

- 6.2 Bha aonta ann gu bheil an fharpais air fior obair a dhèanamh thar nam bliadhnaichean agus gu bheil e soilleir gu bheil an iomairt a' cruthachadh tàlant agus gu bheil an àireamh de dh'fhilmichean a' fàs.
- 6.3 Chaidh innse gur e seo a' bhliadhna mu dheireadh den chùmhnant le rìochdaire a' phròiseict, agus gun tèid MG ALBA a-mach gu tagradh airson an obair airson 2025-26 air adhart le sùil air co-dhùnadh a ruighinn san Fhaoilleach 2025.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail don aithris, dhearbh am Bòrd gu robh cothrom aca togail air a' chuspair agus gu robh iad fiosraichte.

## 7. Aithris a' Cathraiche

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Le riaghaltas ùr bho 4/7/24 tha iomairt a' leantainn gus ceanglaichean a thogail a-rithist, ged nach eileas a' tòiseachadh bhon fhòr thoiseachd.
- 7.3 Cha d' fhuaireas na bhathas ag iarraidh a thaobh atharrachadh sa Bhile mus do chrìochnaich an riaghaltas.
- 7.4 Tha planaichean a' leantainn airson cuirm aig Dover House air 9/12/24.
- 7.5 Bhiodh e feumail fios mu phreantasan ùr-nòsach (modern apprentices) MG ALBA a chur fa chomhair Rùnaire na Stàite airson Cultar, Meadhanan agus Spòrs gus am fighe a-steach airson a planaichean airson a' ghniomhachais cruthachail agus ro-innleachd an riaghaltas ùr.
- 7.6 Thatas ann an còmhraidhean le oifis an Leas-Phrìomh Mhiniestear gus coinneachadh leatha ann an Dùn Èideann agus Steòrnabhagh.
- 7.7 Thatas a' cumail conaltradh le diofar phàrtaidhean ann an Riaghaltas na h-Alba.
- 7.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 7.9 **Gníomh:** 1) thèid cuireadh gu Ariane Burgess BPA gu Na Trads; 2) thèid litir gu Rùnaire na Stàite airson Cultar, Meadhanan agus Spòrs. (**MAMI**)

## 8. A dh'ionnsaigh Plana-obrach 3 bliadhna

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall, a' moladh structar agus cuspairean airson beachd a' Bhùird.
- 8.2 Bha aithne ann gu bheil planaichean fad-ùine air a bhith dùblanach ri linn 's nach eil am maoineachadh cinnteach bho bhliadhna gu bliadhna ach gu bheileas fhathast feumach air plana ùr amasach agus ro-innleachdach a chur ri chèile airson na 3 bliadhna bho 1 Giblean 2025 suas gu 31 Màrt 2028.

- 8.3 Chaidh deasbad a chumail mun cheann *Sector Skills, Talent and Workforce Development* agus chaidh aontachadh gu bheil seo a' toirt cothrom co-òrdanachadh a dhèanamh le buidhnean leithid Alba Chruthachail, Skills Scotland, SDS is eile. Bha aonta ann gum biodh e feumail seo a chomharrachadh mar raoin obrach fa leth agus fòcas a chur air, a' cur plana ro-innleachd mu thimcheall agus fhighe a-steach mar aig 7.6. Thèid seo a dhèanamh ann an co-theacs toraidhean na h-aithisg Review of Gaelic Independent Sector (Charlotte Wilson, Dàmhair 2023).
- 8.4 Bho thaobh margaidheachd, bha moladh ann gum biodh na buidhnean Gàidhlig ag obair dlùth ri chèile.
- 8.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a chaidh a thogail sna pàipearan agus tron deasbad agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail, dh'iarr am Bòrd gun tigeadh dreachd den chiad phàirt den Phlana Obrach 3-bliadhna fa chomhair a' Bhùird aig an ath choinneimh.
- 8.6 **Gníomh:** thig Plana-Obrach 3-Bliadhna air ais chun Bhùird ann an diofar cheumannan eadar seo agus Màrt 2025. **(DC)**

## 9. Comataidhean

*Comataidh Lèirsinn*

- 9.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 10/9/24.

- 9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

*Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh*

- 9.3 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 12/9/24.

- 9.4 Dh'aontaich am Bòrd ris a' phoileasaidh "A' bruidhinn às leth a' Bhùird".

- 9.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

- 9.6 **Gníomh:** thèid am poileasaidh fhoillseachadh. **(MAMI)**

## 10. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùridh an-dràsta.
- 10.2 A thuilleadh air na bh' air beulaibh bhall, chaidh innse gum bi geàrr-chunntas bho aithisgean Creideas nar Cosnaichean (IiP) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (IiYP) agus We Invest in

Wellbeing (WiiW) air beulaibh a' Bhùird aig an ath choinneamh. Tha aithne ann, aig àm atharrachaidh sa bhuidheann, gu bheil obair ri dhèanamh gus diofar phàirtean den bhuidheann a neartachadh.

- 10.3 A thaobh leantainneachd, bha aithne ann gu bheil obair ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine ann a nì obair dhaoine eile ma tha iad dheth airson greis. Thatas a' feuchainn ri seo a chuideachadh tro bhith a' mapadh phròiseasan agus sruthan-obrach.
- 10.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear.

## **11. Dèanadas agus Cunntasan Q1**

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnaile; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnaile.
- 11.2 Chomharraich am Bòrd na cunntasan agus chaidh innse gum bi 'reforecasting' ga dhèanamh aig deireadh Q2.
- 11.3 Bha aithne ann gum bi dealbhachadh eadar-dhealaichte air na KPlan bho seo a-mach, le pòsadh eadar sin agus OKRan.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnaile; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnaile, dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear.

## **12. Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (EDI)**

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall, le fiosrachadh gu robh EDI mar chuspair deasbaid aig Chomataidh Lèirsinn air 10/9/24. Thig toraidhean suirbhidh EDI agus molaidhean an neach-sgrùdaidh neo-eisimeileach chun Chomataidh aig coinneamh na Samhna no coinneamh tràth ann an 2025.
- 12.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Lèirsinn chomharraich am Bòrd gu robh iad fiosraichte air cùisean EDI na buidhne.

## **13. Slige gu Net Zero (P2NZ)**

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall, le fiosrachadh gu robh obair a' leantainn air a bhith ag ullachadh Plana 10 bliadhna P2NZ. Bidh am Plana a' coimhead air rudan geàrr-ùine a nì diofar an-dràsta agus air pròiseactan mòra a bhios riatanach ma tha MG ALBA gu bhith a' coileanadh ar n-amas san fhad-ùine.

- 13.2 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a tha sa phàipear agus deasbad a chumail dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte gu robh adhartas dha dhèanamh mu choinneamh Path to Net Zero agus gum biodh dùil ri Plana 10 bliadhna aig an ath choinneimh.
- 13.3 **Gníomh**: thig plana chun na h-ath choinneimh. ([UML](#))

**14. Meatraigs Riosg**

- 14.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall ag innse gun deach clàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh a dheasbad leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air 12/9/24. Bha a' Chomataidh riaraichte le cùisean.
- 14.2 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh; Dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

**15. Ùghdarris phrògraman (cha robh gin sa chairteal seo)**

**16. GISBE**

- 16.1 Chaidh na litrichean-taic fa chomhair nam ball.
- 16.2 Thug an AO iomradh air fastadh a bha a' dol an-dràsta.

**17. Deit na h-ath choinneimh – 5/12/24, Glaschu**